



Pàigheadh Tòiseachadh Obair

Dè th' ann am Pàigheadh Tòiseachadh Obair?

'S e pàigheadh aon-turais de £331.95 a th' ann a gheibh daoine òga ann an Alba a tha air sochairean sònraichte agus feumach air taic a thaobh chosgaisean an lùib obair ùr a thòiseachadh. Ma tha pàiste aig an neach, dh'fhaodadh iad £531.10 fhaighinn.

Cò gheibh e?

Feumaidh neach coinneachadh ris a h-uile slat-tomhais a leanas airson a bhith airidh:

- tha iad 16 gu 24 bliadhna a dh'aois, no nan neach-fàgail cùraim 16 gu 25 bliadhna a dh'aois
- a' fuireach ann an Alba air an latha nuair a fhuair iad tairgse na h-obrach
- tha tairgse obrach aca airson obair phàighte
- feumaidh an obair a bhith airson 12 uair a thìde no barrachd gach seachdain, thairis air 4 seachdainean. Chan fheum i a bhith na h-obair mhaireannach
- tha iad air a bhith a-mach à obair phàighte agus a' faighinn sochair bhuntainneach* fad 6 mìosan no barrachd, no mas e neach-fàgail cùraim a th' annta, tha iad a-mach à obair phàighte agus a' faighinn sochair bhuntainneach aig àm tairgse na h-obrach (chan fheum luchd-fàgail cùraim a bhith a' faighinn sochair bhuntainneach fad 6 mìosan).

*Is iad sochairean buntainneach:

- Cuibhreann Sireadair-obrach (JSA) Stèidhichte air Teachd a-steach
- Taic Teachd a-steach
- Cuibhreann Cosnaidh is Taic (ESA) Ceangailte ri Teachd a-steach.
- Creideas Coitcheann (UC).

Dè cho fada 's a th' aig cuideigin gus iarrtas a chur a-steach?

Tha suas ri 3 mìosan aca bho fhuair iad an tairgse obrach airson iarrtas a chur a-steach.

Dè an fhianais a bhios a dhìth?

Dearbhadh air an tairgse obrach. Faodaidh seo a bhith na theachdaireachd teacsa, litir, no post-d bhon neach-fastaidh. Gabhaidh sinn lethbhreacan no glacaidhean-sgrìn de seo agus faodaidh iad a bhith air an luchdadh suas air-loidhne no air an cur thugainn tron phost.

Dè mas e neach-fàgail cùraim a th' ann?

Chan iarr sinn fianais gur e neach-fàgail cùraim a th' ann ach:

- ma tha iad 25 bliadhna a dh'aois nuair a fhuair iad an tairgse obrach
- ma tha iad air a bhith a' faighinn sochair bhuntainneach airson nas lugha na 6 mìosan
- ma tha iad air a bhith a-mach à obair airson nas lugha na 6 mìosan

Cò tha na neach-fàgail cùram?

Tha cuideigin na neach-fàgail cùram ma chuir iad seachad ùine ann an cùram ach sguir iad a bhith ann an cùram air no às dèidh an 16mh co-latha-breith.

Dh'fhaodadh gun robh iad ann an cùram-dalta, cùram còmhnaidheach, cùram tèarainte no ann an suidheachadh de chùram-dàimh foirmeil.

Ciamar a gheibh iad an t-airgead?

Pàighidh sinn e a-steach dìreach dhan chunntas thaghte aca.

Am feum iad an t-airgead a phàigheadh air ais?

Chan fheum.

Ciamar a dh'fhaodas iad an t-airgead a chleachdadh?

Faodar a chosg air rud sam bith airson tòiseachadh air obair, mar aodaich, siubhal no biadh.

An toir seo buaidh air sochairean eile?

A rèir an t-suidheachaidh, dh'fhaodte gum bi buaidh aig Pàigheadh Tòiseachadh Obair no an obair ùr aca air sochairean eile. Bu chòir do dhaoine comhairle neo-eisimeileach fhaighinn.





Dè cho tric 's a dh'fhaodadh cuideigin iarrtas a chur a-steach?

Ma tha pàigheadh air a bhith aig cuideigin, chan fhaigh iad pàigheadh eile gus an tèid dà bhliadhna seachad.

Ciamar a dh'fhaodas cuideigin iarrtas a chur a-steach?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig **mygov.scot/jobpayment**. Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le fòn a chur thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?

-  Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222
-  Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)
-  Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org
-  Còmhradh-lìn: chat.socialsecurity.gov.scot